

# Dèanamh cho-dhùnaidhean

## *Dè am fear as cudromaiche?*

### Stiùireadh don neach-teagaisg

#### Amas

A dh'ionnsachadh mar a thathar a' riarradh maoineachaidh gu ceart agus seasamh ri co-dhùnaidhean a thaobh ionmhais.

#### Cinn-chrìche

- Clann a bhrosnachadh gus beachd a ghabhail air barailean daoine eile.
- Bruidhinn air buidseatan.
- Tòiseachadh air beachd fhaighinn air a' mhodh-obrachadh doirbh a tha crochte ri co-dhùnaidhean.
- Tòiseachadh air na toraidhean à co-dhùnadh doirbh a chur an làthair.
- Clann a bhrosnachadh a mheòrachadh air na co-dhùnaidhean a nì iad agus seasamh riutha.

#### Goireasan

- Bileag-obrach 1 - gnìomhachd
- Bileag-obrach 2 - clàr
- Bileag-obrach 3 - tionnsgnaidhean

#### Gnìomhachdan

Leughaidh an clas air fad bileag-obrach 1 còmhla.

Ag obair mar dhithis no ann am buidhnean, obraichibh tro na h-ochd molaidhean air bileag-obrach 3, a' cur tha no chan eil mu choinneimh a rèir co dhiubh a thèid am maoineachadh gus nach tèid.

Bidh a' chlann a' socrachadh nan tàbhachdan aca fhèin.

Cuiribh na co-dhùnaidhean air a' chlàr air bileag-obrach 3.

Thoiribh adhbharan ris na co-dhùnaidhean. Cuiribh crìoch ris an aithis aig deireadh bileag-obrach 3.


#### Gnìomhachdan an Dèidh Làimhe/air an Leudachadh a Thathar a' Moladh

- cumaibh deasbad sa chlas mu cho doirbh a bha e cò na tionnsgnaidhean a bhathar rim maoineachadh.
- cuiribh an coimeas a chèile cò na tionnsgnaidhean a chuir gach buidheann roimhpe a mhaoineachadh agus carson.
- cumaibh taghadh sa chlas
- dèanaibh dealbh den ghnòthach

# Dèanamh cho-dhùnaidhea

## *Dè am fear as cudromaiche?*

Bidh Pàrlamaid na h-Alba a' dèanamh tòrr cho-dhùnaidhean cudromach. Tha tòrr bheachdan aig na Buill mu mar a ghabhas Alba a dhèanamh nas fheàrr. Bidh iad a' deasbad nam beachdan san t-seòmar-dheasbaid agus ann an comataidhean.



Chan eil airgead gu leòr ann an-còmhnaidh a phàigheadh airson nam beachdan air fad a bhios aig na Buill. Bidh aig na Buill ri beachd a ghabhail air cia mheud airgid a tha ri fhaotainn agus dè an dòigh as fheàrr gus a chosg.

Mus cuir na Buill an aonta ri rud sam bith, bidh aca ri obrachadh a-mach dè chosgas e agus co-dhùnadh a dhèanamh an ruig Alba air na tha e cosg.

## Gnìomhachd

Tha thu nad Bhall. Seo feadhainn de na deagh bheachdan a bh' aig Buill eile mu na tha ri dhèanamh. Cosgaidh iad ìrean eadar-dhealaichte.

Tha ministear an ionmhais air a ràdh nach fhaod ruigsinn air càil sam bith a chosgas barrachd na £13,000.

Seallaibh air na h-ochd beachdan gu h-ìosal. Taghaibh an tionnsgnadh no na tionnsgnaidhean as cudromaiche nad bheachd. Bidh agad ri meòrachadh cuideachd mun fheum as fheàrr den airgead. A bheil thu ag iarraidh:



# Dèanamh cho-dhùnaidhea

## Dè am fear as cudromaiche?

(a) an t-airgead a chosg air aon tionnsgnadh a tha gu math cudromach

(b) an t-airgead a chosg air barrachd agus aon tionnsgnadh

**Cuimhnich:** Cha leig thu leas an £13,000 air fad a chosg ach chan urrainn dhut barrachd a chosg.



### Àrainneachd

£ 5,000 air sgeama ath-chuartachaidh anns gach sgoil

Tha  Chan Eil



### Foghlam

£ 10,000 air busaichean-sgoile an-asgaidh do na h-uile

Tha  Chan Eil



### Slàinte

£ 3,000 air iomairt an aghaidh smocaidh

Tha  Chan Eil



### Spòrs


£8,000 air comainn-spòrs an-asgaidh an dèidh àm-sgoile

Tha  Chan Eil



# Dèanamh cho-dhùnaidhean

*Dè am fear as cudromaiche?*



## Tuathanachas

£7,000 mar chuideachadh do thuathanaich a tha ag iarraidh biadh fàs-bheairteach (*organic*) àrach

Tha  Chan Eil



## Eucoir

£4,000 air tionnsgnadh gus stad a chur air droch dhìol cinneadail agus creideamhail aig ball-coise


Tha  Chan Eil



## Còmhdhail

£12,000 air siubhal an-asgaidh do chloinn fo aois 10 air trànaichean is busaichean ann an Alba

Tha  Chan Eil



## Taigheadas

£9,000 air tabhartasan a chuidicheas ri daoine lìnigeadh a chur sna taighean aca

Tha  Chan Eil

# Dèanamh cho-dhùnaidheach

## *Dè am fear as cudromaiche?*

Beachd	A bheil sibh ri airgead a chosg air a' bheachd seo?	Carson?
 sgeama-ath-chuartachaidh		
 busaichean- sgoile		
 gun smocadh		
 comainn-spòrs		
 tuathanachas organach		
 droch dhìol aig ball-coise		
 siubhal an- asgaidh fo aois 10		
 linigeadh aig an taigh		
Suim làn a chaidh a chosg		£

Thagh mi .....

.....

seach .....

.....

.....